

Coinneamh: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là/Àm: 20 Samhain 2025 aig 09.30m
Càite: Microsoft Teams

Clàr-gnothaich – Seisean Fosgailte

1. **Cùisean Tòiseachaidh**

- 1.1. Fàilte is Leisgeulan
- 1.2. A' Nochdadh Com-pàirtean
- 1.3. Gnothaich Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

2. **Ionmhas**

- 2.1. **Aithisg Ionmhas (Airson Fiosrachadh) - aithisg labhairteach**
Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra

3. **Cleachdadh**

- 3.1. **Aithisg air Leasachaidh (Ri deasbad)**
Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche
Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan

4. **Planaichean Gàidhlig**

- 4.1. **Planaichean Reachdail (Airson fiosrachadh)**
Iain Mac a' Mhaoilean, Stiùiriche
Stiùbhart Dunmore, Manaidsear Planaidh is Ghnìomhan Reachdail
- 4.2. **Buidhnean ùra a thoirt a-steach don phròiseas reachdail (Ri aontachadh)**
Iain Mac a' Mhaoilean, Stiùiriche
Stiùbhart Dunmore, Manaidsear Planaidh is Ghnìomhan Reachdail
- 4.3. **Plana na Gàidhlig – UHI A Tuath, An Iar Is Innse Gall (Ri aontachadh)**
Iain Mac a' Mhaoilean, Stiùiriche
Stiùbhart Dunmore, Manaidsear Planaidh is Ghnìomhan Reachdail

5. **Riaghladh**

- 5.1. **Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan (Ri Aontachadh)**
Ealasaid Dhòmhnaillach, Ceannard

6. **GISBE**

Ceann-là na h-ath choinneimh: 10/02/2026

Dùnadh na seisean

Coinneamh:	Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	20 Samhain 2025
Tìotal:	Aithisg air Leasachadh
Gnìomh a dhìth:	Airson Deasbad
Àireamh pàipeir:	3.1
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh Steven Kellow, Manaidsear Maoineachaidh is Phròiseactan
Pàipearan-taic:	PT1 – Clàr taic Sgeama Oifigearan Gàidhlig

1. Adhbhar

- 1.1. Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill a' Bhùird-stiùiridh mu adhartas le leasachadh na Gàidhlig.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Tha obair leasachaidh na Gàidhlig mar phrìomh amas aig Bòrd na Gàidhlig agus cudromach airson adhartas a dhèanamh le bhith a' dìon agus a' neartachadh cleachdadh na Gàidhlig gu nàdarra anns na coimhearsnachdan againn.
- 2.2. Tha am Plana Corporra soilleir a thaobh nam prìomhachasan airson leasachadh na Gàidhlig agus tha e a' cur fòcas làidir air h-àrd-amasan a leanas.
 - Gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh Gàidhlig agus a' faighinn bhuannachdan bhon chànan nan obair, aig an taigh agus anns a' choimhearsnachd
 - Gum bi barrachd cothroman ann do dhaoine aig aois sam bith na sgilean Gàidhlig aca a thoirt air adhart agus gum bi na cothroman seo nas ruigsinniche

3. Prìomh Fiosrachaidh

- 3.1. Tha adhartas math air a bhith ann sa bhliadhna gu ruige seo ann a bhith a' toirt nan amasan bhon Phlana Chorporra gu buil, gu sònraichte a bhith a' cumail taic nas seasmhaiche do choimhearsnachdan.
- 3.2. Leis na cothroman a bharrachd a tha air nochdadh le taic-airgid a bharrachd is nas leantainnichte, thathar a' cur prìomhachas air a bhith ag obair leis na buidhnean a tha air am maoineachadh gus am bi iad nas làidire is nas comasaiche gus buaidh a thoirt seachad a thaobh inbhe na Gàidhlig san raon aca.
- 3.3. Thathar ag amas leis an obair com-pàirteachais seo gun tig toraidhean nas fhaicsinniche a-mach às an obair aca, is gu bheil seo a' toirt cothrom a bhith a' taisbeanadh an adhartais a tha air a dhèanamh leis an taic-airgid a tha sinn a' cur an sàs, is cuideachd na bhiodh comasach nan robh tuilleadh ghoireasan againn.

Sgeama Oifigearan Gàidhlig

- 3.4.** Chaidh taic-airgid a thabhann do 24 buidhnean tro Sgeama Oifigearan Gàidhlig 2025-28, le 27 oifigearan air am maoineachadh. Tha clàr ri fhaighinn ann am PT1 le tuilleadh fiosrachaidh air gach dreuchd.
- 3.5.** Bha 16 de na buidhnean seo air taic fhaighinn suas gu ruige Màrt 2028 is 8 airson ùine nas giorra. 'S e seo a' chiad uair a tha aontaidhean fad-ùine air a bhith ann tron sgeama seo is seo a' toirt seasmhachd do bhuidhnean airson obair leantainneach is adhartach a dhèanamh.
- 3.6.** Thathar air còmhraidhean a thòiseachadh leis na 8 buidhnean nach d' fhuair taic ioma-bhliadhna gus taic leasachaidh a thoirt dhaibh ann a bhith ag ullachadh phlanaichean a tha a' toirt dearbhadh seachad air a' bhuidhean a bhios aca, gus leigeil leinn sìneadh a mholadh dhaibh suas gu Màrt 2028 cuideachd.
- 3.7.** Thathar an dùil gun tig na molaidhean seo fa chomhair a' Bhùird-stiùiridh tràth ann an 2026.
- 3.8.** Aig an ìre seo tha a' mhòr-chuid de na buidhnean air a bhith soirbheachail ann a bhith a' fastadh do dhreuchdan a bha bàn, is chan eil ach 3 buidhnean ann a-nise far nach eil oifigear ann an dreuchd is iad uile aig ìre dheireannaich de phròiseas fastaidh.
- 3.9.** Tha amasan soilleir air an cur an cèill anns na h-aontaidhean aig na buidhnean seo gum feumar fianais a thogail mu choinneimh 4 prìomhan roinnean:
- Cothroman a chur air dòigh gus Gàidhlig a chleachdadh sa choimhearsnachd
 - A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
 - Obair com-pàirt a thogail eadar oifigearan/buidhnean Gàidhlig
 - Leasachadh sgilean aig oifigearan Gàidhlig
- 3.10.** Thathar cuideachd air a' chiad phrògram trèanaidh a chur air dòigh do dh'oifigearan leasachaidh, cùrsa air a ruith leis an Social Enterprise Academy ann an co-bhanntachd le Ùdaras na Gaeltachta a leigeas le oifigearan leasachaidh Gàidhlig is Gaeilge tighinn còmhla ann an Alba is Èirinn is ionnsachadh bho chèile air gnothaichean leasachaidh coimhearsnachd.
- 3.11.** Bidh prògraman foirmeil is neo-foirmeil eile air an cur air dòigh do na h-oifigearan sna mìosan ri thighinn.

Planaichean Gàidhlig coimhearsnachd

- 3.12.** Chaidh dà dhreach plana a-mach airson co-chomhairle as t-Samhradh, is dùil ri fhoillseachadh sna mìosan ri thighinn, is seo a' toirt barrachd cumhachd do choimhearsnachdan an lùib roinn leasachadh na Gàidhlig.
- 3.13.** Mar a chaidh air beulaibh a' Bhùird-stiùiridh san Dàmhair, thathar air tòiseachadh air co-obrachadh leis na buidhnean a tha an sàs anns na planaichean gus barrachd tuigse fhaighinn air gnìomhan a tha air ainmeachadh annta is mar as urrainn do Bhòrd na Gàidhlig, is buidhnean poblach eile, a bhith cuideachadh le bhith ga thoirt gu buil.

- 3.14.** Thathar den bheachd gu bheil taic làidir a dhith air na planaichean, is iad a' riochdachadh beachdan nan coimhearsnachd air na tha a dhith gus am bi Gàidhlig a' dol am feabhas, is molaidhean airson sin an lùib a' phàipeir sin airson freagairt a chur air na planaichean nuair a thèid am fhoillseachadh.
- 3.15.** Bidh còmhraidhean anns na mìosan ri thighinn an dà chuid leis na buidhnean seo ach cuideachd le buidhnean/riochdairean de sgìrean eile a bhiodh freagarrach airson planaichean coimhearsnachd eile a chur air dòigh sna bliadhnaichean ri thighinn.

Buidhnean Lìbhrigidh

- 3.16.** Chaidh taic-airgid a bharrachd a thoirt dha na Buidhnean Lìbhrigidh ann an 2025/26 air sgàth maoineachadh a bharrachd bho Riaghaltas na h-Alba airson gnìomhan sònraichte.
- 3.17.** Chaidh cruinneachadh a chumail de na Buidhnean Lìbhrigidh air 11-12 Samhain ann an Glaschu airson a bhith a' mèdachadh air cuspairean a thaobh riaghladh is èifeachdas ro-innleachdail nam buidhnean seo, is cuideachd a bhith a' tomhas na buaidh is an adhartais aca on a chaidh aontaidhean fad-ùine a stèidheachadh as ùr an-uiridh.
- 3.18.** Chaidh cuideachd cothrom a nochdadh dha na buidhnean a bhith a' cleachdadh airgead ann am poit taic-airgid leasachaidh airson molaidhean a chur air adhart mar a ghabhas obair nam buidhnean a thoirt nas fhaisge còmhla, gus sàbhailidhean airgead a dhèanamh san àm ri teachd is èifeachdas a neartachadh.
- 3.19.** Bho na h-aithisgean adhartais aca aig deireadh na Dàmhair, thathar air faicinn gu bheil cothroman ùra air nochdadh às an taic-airgid ùir a chaidh a thabhann le Riaghaltas na h-Alba, ach gu bheil obair fhathast ri dèanamh gus a' bhuaidh is soirbheachas seo a thomhais is a thaisbeanadh. Airson cuid math den obair ùir tha seo aig ìre car tràth, 's ann sna mìosan a tha romhainn a bhios a' bhuaidh as làidire ga faicinn.
- 3.20.** Bidh còmhraidhean a' leantainn leis na buidhnean sna mìosan ri teachd airson fianais a thogail do Riaghaltas na h-Alba air buaidh an airgid a bharrachd a chaidh a thoirt seachad dhaibh ann an 2025/26, airson seo a dhaingneachadh a-rithist airson 2026/27 is an ùine ri teachd.
- 3.21.** Thathar an dùil nach tig dearbhadh air a seo gus às dèidh buidseat Riaghaltas na h-Alba a bhith air fhoillseachadh air 13 Faoilleach 2026, is thig molaidhean air taic-airgid 2026/27 nam buidhnean chun a' Bhùird-stiùiridh sa Mhàirt 2026.

Lìonra Oifigearan Gàidhlig

- 3.22.** Thathar air coinneamhan mìosail a chur air dòigh den Lìonra Oifigearan Gàidhlig, is seo a' toirt fòram do dh'oifigearan Gàidhlig an sàs ann an leasachadh coimhearsnachd agus/air no planaichean Gàidhlig tighinn còmhla is ionnsachadh bho chèile. Tha seo a' cur ri eòlas

is a’ sgaoileadh deagh chleachdadh am measg dhaoine a tha an sàs ann an roinn leasachadh na Gàidhlig.

- 3.23.** Sna mìosan a chaidh seachad, tha diofar bhuidhnean air a bhith a’ bruidhinn air an obair aca, nam measg Alba Chruthachail, Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann is Pàrlamaid na h-Alba.
- 3.24.** Tha na h-àireamhan a tha air na coinneamhan a fhrithéaladh air a dhol am meud, le mu 50 neach air coinneamh a frithealadh gach turas, is dòighean-conaltraidh dhan Lìonra air am meas nas fheàrr le atharrachaidhean bho oifigearan a’ Bhùird.
- 3.25.** Thathar an dùil sna mìosan ri thighinn gum biodh seiseanan fa leth air an chur air dòigh do dh’oifigearan leasachaidh is oifigearan planaigh airson coimhead air diofar chuspairean. Do dh’oifigearan leasachaidh, thathar an dùil cothroman aghaidh-ri-aghaidh a chruthachadh gum am bi cothroman co-obrachaidh a bharrachd air ann, is do dh’oifigearan planaigh, thathar an dùil nuair a tha barrachd fios ann bho Riaghaltas na h-Alba a thaobh brìgh inbhean Gàidhlig (“standards”) is sgìrean cànan sònraichte gum bi seiseanan ann dhaibh air dleastanasan aca fo Achd na Gàidhlig mar a chaidh ùrachadh le Achd nan Cànanan Albannach.

4. Moladh

- 4.1.** Gum bi na buill a’ toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a’ phàipear seo agus a’ gabhail beachd air an adhartas.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdail

- 5.1.** Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh air ionmhas leis a’ phàipear seo.
- 5.2.** Buidhean air Luchd-obrach: Tha am paipear a’ toirt fa-near dhan obair a tha luchd-obrach a’ Bhùird ris tron bhliadhna.
- 5.3.** Buidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.
- 5.4.** Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha an aithisg a’ toirt iomradh air coileanadh amasan ro-innleachdail agus corporra
- 5.5.** Buidhean air Cliù: Tha e riatanach gum bi sinn a dèanamh adhartas air obair leasachaidh agus tha seo a’ toirt buaidh air cliù Bhòrd na Gàidhlig.
- 5.6.** Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil gin ann.
- 5.7.** Buidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 5.8.** Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann.
- 5.9.** Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☒	Slàinte	☒
Cultar	☒	Foghlam	☒
Àrainneachd	☐		

Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	Bochdainn	☐
☒	Eadar-nàiseanta	☐
Clann is Òigridh	Eaconamaidh	☐
☒		
Coimhearsnachdan		
☒		

7. Cùrsa Riaghlachais

7.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near don phàipear seo air 7 Samhain 2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

8.1. Tha am pàipear ri bhreithneachadh air san t-seisean fosgailte den choinneimh.

Còd	Buidheann	Dreuchd	Taic aontachadh	Taic gu	Oifigear ann an dreuchd	Uairean/ seachdain	Dreuchdan
2026-02134	An Lanntair	Oifigear Ealain Gàidhlig	£36,000	31/03/2028	Tha	35	1
2026-02146	An Lòchran	Oifigear Leasachaidh Gàidhlig	£18,000	30/10/2026	Tha	18	1
2026-02137	ATLAS Arts	Oifigear Gàidhlig	£35,000	31/12/2026	A' fastadh	35	1
2026-02100	Bragar & Arnol Community Trust	Oifigear Gàidhlig agus Coimhearsnachd	£17,500	30/06/2026	Tha	21	1
2026-02098	Comann Eachdraidh Uibhist a Tuath	Oifigear Com-pàirteachas Coimhearsnachd	£36,000	02/11/2026	Tha	35	1
2026-02021	Comunn Eachdraidh Nis	Community Archive Coordinator	£63,000	31/03/2028	Tha	37.5	1
2026-02073	Comunn Eachdraidh Nis	Oifigear Plana Cànan Iar-thuath Leòdhais	£106,000	31/03/2028	Tha	37.5	1
2026-02088	Cothrom	Oifigear Còmhraidh Gàidhlig	£45,000	31/03/2028	Tha	35	1
2026-02091	Cultarlann Inbhir Nis	Gaelic Community Engagement and Activity Co-ordinator	£99,000	31/03/2028	A' fastadh	35	1
2026-02142	Eden Court	Manaidsear Phròiseict Gàidhlig	£72,000	31/03/2028	Tha	25	1
2026-02144	Fèis Rois	Oifigear(an) Leasachaidh Gàidhlig	£99,000	31/03/2028	Tha	14	2
2026-02148	Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann	Oifigear Leasachaidh	£84,000	31/03/2028	Tha	35	1
2026-02089	Ionad Thròndairnis	Oifigear Pròiseact is Gàidhlig	£37,000	31/03/2028	Tha	28	2
2026-02121	Kilmuir Community Trust	Oifigear Leasachaidh Gàidhlig	£33,000	30/06/2026	Tha	38	1
2026-02160	Kinloch Historical Society	Oifigear Leasachaidh Gàidhlig - Na Lochan	£35,000	05/10/2026	Tha	37	1
2026-02135	North Harris Trust	Maor-dùthcha na Hearadh	£36,300	31/03/2028	Tha	35	1
2026-02120	Northton Heritage Trust	Oifigear Gàidhlig - Hebrides People	£90,000	31/03/2028	A' fastadh	35	1
2026-02093	Oban Communities Trust - The Rockfield Centre	Oifigear Dualchais Gàidhlig - Cultural Heritage Rekindled	£65,271	31/03/2028	Tha	20	1
2026-02115	SEALL - Skye Events for All	Oifigear leasachaidh na Gàidhlig	£36,000	31/12/2026	Tha	21	1
2026-02149	Staffin Community Trust	Oifigear Leasachaidh	£47,400	31/03/2028	Tha	18.5	1
2026-02024	Taigh Chearsabhagh	Manaidsear Gaidhlig is Com-pàirteachais & Neach-taice Conaltraidh Gàidhlig	£85,000	31/03/2028	Tha	21	2
2026-02056	Third Sector Hebrides	Oifigear Leasachaidh Gàidhlig Treas Roinn	£78,000	31/03/2028	Tha	28	1
2026-02105	Tiree Community Development Trust	Ceannard Conaltraidh agus Gàidhlig & Neach-taic Gàidhlig	£99,000	31/03/2028	Tha	35	2
2026-02116	Wester Ross Biosphere	Oifigear Leasachaidh Gàidhlig	£34,000	31/10/2026	Tha	35	1
			£1,386,471	28			

Coinneamh:	Comataidh Poileasaidh is Goireasan
Ceann-là:	20 Samhain 2025
Tìotal:	Aithisg air Planaichean Reachdail
Gnìomh a dhìth:	Airson Fiosrachadh agus Deasbad
Àireamh pàipear:	4.1
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh; Stiùbhart Dunmore, Manaidsear Planaidh is Ghnìomhan Reachdail
Pàipearan-taic:	PT1 – Ùghdarrasan Poblach le Planaichean Gàidhlig Reachdail

1. Adhbhar

- 1.1. Airson fiosrachadh a thoirt do Bhuill Chomataidh Poileasaidh is Goireasan mu adhartas le pròiseas nam planaichean.

2. Co-theacs

- 2.1. Sa Ghiblean 2024 thàinig gearradh air an àireamh de dh'oifigearan Phlanaichean a bha air am fastadh aig Bòrd na Gàidhlig bho: 4 Oifigearan & 1 Manaidsear Phlanaidh gu 3 Oifigearan. Eadar Sultain 2024 – Cèitean 2025 bha dithis Oifigear ag obair san raon seo. Dh'adhbhraich an suidheachadh seo dàilichean.
- 2.2. Thòisich oifigear ùr san Lùnastal 2025, agus chaidh fhasdadh na Mhanaidsear san t-Sultain. Chaidh oifigear ùr fhasdadh na àite is an uair sin thàinig dithis oifigear air ais o fhòrladh air 29 den t-Sultain.
- 2.3. Bho thoiseach na Dàmhair 2025 tha sgioba iomlan air a bhith againna-rithist (.i. manaidsear ghnìomhan reachdail agus triùir oifigear phlahaichean).

3. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh Aithris

- 3.1. Tha 66 buidhnean poblach ann an ceartair aig a bheil planaichean reachdail. Tha an àireamh seo a' gabhail a-steach 30 ùghdarrasan ionadail, buidhnean eaconamaidh, buidhnean foghlaim, buidhnean cultarach, buidhnean nàdair agus buidhnean maoineachaidh, am measg eile.
- 3.2. Chaidh 10 Planaichean Gàidhlig Reachdail aontachadh eadar 1mh Giblean 2024 agus 31mh Màrt 2025.
- 3.3. Chaidh 1 phlana Gàidhlig a dhiùltadh aig CPG sa Ghearran 2025 ach às dèidh tighinn gu aonta a thaobh atharraichean, chaidh aontachadh ris sa Chèitean 2025.
- 3.4. 'S iad na Planaichean Reachdail a leanas a chaidh aontachadh eadar 2024-25:

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 07/05/2024

- PGR022 E04 Comhairle na Gàidhealtachd
- PGR009 E03 Comhairle Baile Dhùn Èideann
- PGR025 E03 Comhairle Pheairt is Cheann Rois

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 10/09/2024

- PGR037 E02 Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 28/02/2025

- PGR021 E02 Comhairle Mhoireibh
- PGR063 E03 Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean
- PGR062 E03 Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh

Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan 06/05/2025

- PGR050 E03 Oilthigh Obar Dheathain
- PGR028 E03 Comhairle Siorrachd Àir a Tuath
- PGR042 E03 Leabharlann Nàiseanta na h-Alba

3.5. Ro dheireadh na bliadhna ionmhais 2025-26, thathar an dòchas gun tèid 12 planaichean reachdail fhathast air beulaibh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan. Tha obair a' leantainn leis na h-ùghdarrasan seo gus na planaichean Gàidhlig aca ullachadh. Bidh seo a' gabhail a-steach nan ùghdarrasan poblach a leanas:

Ùghdarras Poblach Ìre anns a' phròiseas

UHI Tuath, an Iar & Innse Gall E01	• Bha còmhraidh air a bhith ann leotha air cho cudromach 's a tha e gum bi am Plana seo làidir • Eagran E01 air tighinn 4/11/25
Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas E03	• Thàinig dreach eagrain phlana a-steach air a' cheann-latha reachdail. • Measadh foirmeil dèanta; cha do nochd eas-aonta; ceann-là reachdail son eagran mu dheireadh 3/1/26
Leasachadh Sgilean na h-Alba E04	• Thàinig dreach phlana a-steach air a' cheann-latha reachdail; measadh oifigeir a' dol.
Coimisean na Croitearachd E04	• Thàinig dreach phlana ron cheann-latha reachdail; measadh foirmeil dèanta is ga thilleadh chun na buidhne
Comhairle Siorrachd Àir a Deas E03	• Thàinig dreach phlana a-steach air a' cheann-latha reachdail; measadh oifigeir a' dol.
Comhairle Lodainn an Ear E02	• Thàinig dreach phlana a-steach air a' cheann-latha reachdail; measadh oifigeir a' dol.
Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar E02	• Cha tàinig an dreachd a-steach air a' cheann-latha reachdail: 21/04/2025. • Thàinig dreachd son measadh foirmeil air 20/10/2025; measadh oifigeir air an dreachd fhathast a' dol

Comhairle na h-
Eaglaise Brice E03

- Cha tàinig an dreachd as ùire a-steach air a' cheann-là reachdail: 09/06/2025
- Thàinig dreachd 27/8/25 – measadh oifigeil deiseil

3.6. Tha dùbhlain a' leantainn leis na h-ùghdarrasan a leanas ach tha coinneamhan rèiteachaidh a' dol gus eagrain phlanaichean fhaighinn cho luath agus a ghabhas:

Ùghdarras Poblach Ìre anns a' phròiseas

Sabhal Mòr Ostaig
E03

- Chaidh dreachd den phlana gu coinneamh a Bhùird-stiùiridh aig SMO air 26 Ògmhios 2025
- Eagra E03 air tighinn a-steach 5/11/25 ach cha deach atharrachaidhean bhon mheasadh a chur ris – coinneamh le prionnsabal ga iarraidh.

Comhairle
Siorrachd Chlach
Mhanainn E02

- Bha oifigearan BnG a' feuchainn ri conaltradh a dhèanamh leis an ùghdarras mu dheasachadh E02.
- Chaidh litir chun an ùghdarras air 10/04/2025 mu dhìth-chonaltradh co-cheangailte ri deasachadh E02.
- Cha tàinig an dreachd as ùire a-steach air a' cheann-latha reachdail; chaidh litir gu Ceannard na Comhairle, agus chumadh coinneamh ann an Alloa 7/11/25 gus aonta ruighinn son eagra ùr a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig.

Comhairle Fhìobha
E03

- Cha tàinig an dreachd as ùire a-steach air a' cheann-latha reachdail: 21/04/2025.
- Chaidh litir gu Ceannard na Comhairle, a' sireadh dearbhadh air ceann-là airson an eagra ùr a chur a-steach do Bhòrd na Gàidhlig ach cha tàinig seo.
- Dhearbhaich an t-oifigear gum biodh dreachd ga chur a-staigh tràth an dèidh na Nollaig ach coinneamhan rèiteachaidh fhathast a' dol

Comhairle
Siorrachd Dhùn
Breatann an Ear
E03

- Chaidh measadh foirmeil a dhèanamh air an dreach phlana E03.
- Cha deach eas-aonta a thogail ach cha do ghabh iad ris na molaidhean gu lèir aig Bòrd na Gàidhlig.
- Dh'fhoillsich an t-ùghdarras E03 air làrach-lìn na Comhairle às aonais aonta bho Bhòrd na Gàidhlig.
- Tha conaltradh a' leantainn leis a' bhuidheann gus seo a rèiteachadh (coinneamh mu dheireadh aig a' Chomhairle 14.11.25)

Ùghdarras
Theisteanas na h-
Alba E04

- Ùghdarras a' dol a-mach à bith gu laghail; thèid nota fios plana a sgaoileadh air a' bhuidheann ùr (a rèir aonta a' Chomataidh)
- Sgioba phlanaichean fhathast ann an conaltradh le oifigearan SQA

3.7. Bidh Oifigearan Phlanaichean ag obair le 10 ùghdarrasan poblach gus na h-ath eagrain aca a dheasachadh tron bhliadhna ionmhasail 2026/27. Thathar an dùil gun tèid na dreach phlanaichean sin air beulaibh Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan ann am-bliadhna ionmhais 2026/27. Thèid co-obrachadh a dhèanamh leis na h-ùghdarrasan poblach a leanas (cinn-làithean reachdail an cois):

- Comhairle Lodainn Mheadhanaich: 02/02/2026
- Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba: 09/05/2026
- Puirt-adhair na Gàidhealtachd 's nan Eileanan Eta: 21/06/2026
- Comhairle Baile Dhùn Dè: 21/06/2026
- Comhairle Lodainn an Iar: 07/07/2026
- Àrainneachd Eachdraidheil Alba: 07/11/2026
- Coimisean Fearainn na h-Alba: 26/01/2027
- Comhairle Aonghais: 26/01/2027
- Comhairle Shruighlea: 13/01/2027
- Comhairle Maoineachadh na h-Alba 08/02/2027

4. Pròiseas Dearcnachaidh

- 4.1. Mar thoradh air an Stiùireadh Reachdail air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig chaidh atharraichean a dhèanamh air a' phròiseas dearcnachaidh againn. Chaidh fios a' sgaoileadh chun nan ùghdarrasan poblach san Lùnastal 2024 a' mìneachadh nan atharraichean seo.
- 4.2. Fhad 's a tha sinn a' feitheamh soillireachaidh air òrdughan tòiseachaidh Achd nan Cànan 2025, tha clàr-ama dearcnachaidh fhathast mar a tha air a mhìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 4.3. Eadar 1mh Giblean 2024 agus 31 Cèitean 2025 thàinig aithisgean dearcnachaidh a-steach bho 33 ùghdarrasan poblach. Eadar an t-Ogmhios agus deireadh na Dàmhair thàinig 10 aithisgean dearcnachaidh a bharrachd a-steach, agus an dùil gun tig 8 a bharrachd ron Nollaig.
- 4.4. Tha sgioba phlanaichean reachdail ag obair còmhla gus dèiligeadh le dàilichean sa phròiseas dearcnachaidh cho luath agus a ghabhas.

5. Leasachadh ri thighinn

- 5.1. Bithear ag obair a dh'ionnsaigh barrachd leasachaidh a thoirt air adhart anns na mìosan a tha romhainn le pròiseas nam planaichean. Thathar an dùil teamlaid roghainneil eagrain plana ùr a leasachadh a a thèid fhoillseachadh anns na mìosan a tha romhainn.
- 5.2. Ron Nollaig thèid seisean fàilteachaidh is fiosrachaidh a chumail le oifigearan air a bheil dleastanas son gnìomhan phlana aig na 66 ùghdarrasan poblach aig a bheil plana reachdail, ga chur air dòigh le Manaidsear Planaidh is Ghnìomhan Reachdail.

6. Moladh

- 6.1. Gum bi na buill a' toirt fa-near dhan fhiosrachadh anns a' phàipear seo.

7. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 7.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh ann.
- 7.2. Buidhean air Luchd-obrach: Tha e cudromach gu bheil luchd-obrach gu leòr aig Bòrd na Gàidhlig gus an obair seo a choileanadh gu soirbheachail.
- 7.3. Buidhean air Trèanadh: Bidh luchd-obrach a' leasachadh nam pròiseasan agus bithear ag ionnsachadh mu na dòighean-obrach ùra fhad 's a tha sinn gan cruthachadh.
- 7.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha Planaichean Gàidhlig reachdail bho Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha sin air aithneachadh anns a' Phlana Nàiseanta airson 2023-28 agus ann am Plana Corporra a' Bhùird
- 7.5. Buidhean air Cliù: Leis gu bheil dàil air a bhith ann le cuid den na h-ùghdarrasan ann a bhith a' cumail ris na dleastanasan aca fo sgèith na h-Achd, dh'fhaodadh gum bi buaidh air cliù nan ùghdarrasan agus buaidh air cliù Bhòrd na Gàidhlig ann a bhith a' dèanamh na h-obrach againn ann an ùine reusanta.
- 7.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil buaidh ann.
- 7.7. Buidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig gus pròiseas nam planaichean a ruith gus soirbheachail fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 7.8. Buidhean air Co-ionannachd: Ged nach eil fiosrachadh mu dheidhinn co-ionannas mar phàirt den aithisg seo, tha Bòrd na Gàidhlig a' trusadh fiosrachadh co-cheangailte ri co-ionannas gach bliadhna mar phàirt de dh'aithisgean dearcnachaidh nan ùghdarrasan.
- 7.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

8. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☒	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☒	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconamaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		

9. Cùrsa Riaghlachais

- 9.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near dhan phàipear seo air 10 Samhain 2025.

10. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 10.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Buidhnean làithreach le plana reachdail

- Alba Chruthachail
- Arainneachd Eachdraidheil na h-Alba
- Coilltearachd agus Fearann Alba
- Coilltearachd na h-Alba
- Coimisean Fearrain na h-Alba
- Coimisean na Croitearachd
- Comhairle Aonghais
- Comhairle Baile Dhùn Dè
- Comhairle Baile Dhùn Èideann
- Comhairle Baile Ghlaschu
- Comhairle Baile Obair Dheathain
- Comhairle Chrìochan na h-Alba
- Comhairle Dhun Phris is Gall Gàidhealaibh
- Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid
- Comhairle Fhìobha
- Comhairle Inbhir Chluaidh
- Comhairle Lodainn an Ear
- Comhairle Lodainn an Iar
- Comhairle Lodainn Mheadhanaich
- Comhairle Maoineachadh na h-Alba [Dùn È]
- Comhairle Mhoireibh
- Comhairle na Gàidhealtachd
- Comhairle na h-Eaglaise Brice
- Comhairle nan Eilean Siar
- Comhairle Pheairt & Cheann Rois
- Comhairle Shruighlea
- Comhairle Siorrachd Àir a Deas
- Comhairle Siorrachd Àir a Tuath
- Comhairle Siorrachd Àir an Ear
- Comhairle Siorrachd Chlach Mhannan
- Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear
- Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar
- Comhairle Siorrachd Lannraig a Deas
- Comhairle Siorrachd Lannraig a Tuath
- Comhairle Siorrachd Obar Dheathain
- Comhairle Siorrachd Rinn Friù
- Comhairle Siorrachd Rinn Friù an Ear

- Foghlam Alba
- Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba
- Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eileanan
- Iomairt na h-Alba
- Leabharlann Naiseanta
- Leasachadh Sgilean na h-Alba
- Nàdar Alba
- NHS Eileanan Siar
- NHS na Gàidhealtachd
- Oilthigh Ghlaschu
- Oilthigh na Gàidhealtachd agus nan Eilean
- Oilthigh Obar Dheathain
- Oilthigh Shrath Chluaidh
- Pàrlamaid na h-Alba (Buidheann Corporra)
- Poileas Alba
- Puirt-adhair na Gàidhealtachd 's nan Eilean Eta
- Riaghaltas na h-Alba
- Sabhal Mòr Ostaig
- Seirbheis Ambaileans na h-Alba
- Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba
- Spòrs Alba
- Stòras Mara Cailleannach Eta
- Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
- Ùghdarras Pairc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
- Ùghdarras Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn is nan Tròisichean
- Ùghdarras Poilis na h-Alba
- Ùghdarras Theisteanas na h-(>Teisteanasan Alba*)
- UHI a Tuath, an Iar agus Innse Gall
- Visit Alba

**Buidhnean a chuthaicheas plana às ùir*
(a rèir aonta CPG: 20/11/2025)**

- Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlaim
- Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba

Coinneamh:	Comataidh Poileasaidh is Goireasan
Ceann-là:	20 Samhain 2025
Tìotal:	Buidhnean ùra a thoirt a-steach don phròiseas reachdail
Gnìomh a dhìth:	Airson Aontachadh
Àireamh pàipear:	4.2
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh; Stiùbhart Dunmore, Manaidsear Planaidh is Ghnìomhan Reachdail
Pàipearan-taic:	

1. Adhbhar

- 1.1. Gus aonta a' Chomataidh a ruighinn gun tèid notaichean fios plana foirmeil a sgaoileadh às ùr air trì ùghdarrasan a thathas a' meas mar ùghdarrasan poblach iomchaidh fo Achd na Gàidhlig 2005.
- 1.2. 'S iad sin: Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam (HMle), Teisteanasan Alba (Qualifications Scotland) agus Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba (Social Security Scotland).

2. Co-theacs

- 2.1. Ri linn Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025 thèid dà ùghdarras poblach ùr a chruthachadh a-mach à dà ùghdarras làithreach a tha a' cur planaichean reachdail an gnìomh an ceartair (.i. Luchd-sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam/Foghlam Alba agus Teisteanasan Alba/SQA).
- 2.2. Cuideachd, tha gealltanais reachdail an lùib a' phlana làithrich aig Riaghaltas na h-Alba gum bi a' bhuidheann ùr Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba ag ullachadh plana reachdail ann an compàirteachas le Bòrd na Gàidhlig.

3. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh Aithris

- 3.1. Ri linn Achd an Fhoghlaim (Alba) 2025 thèid Luchd-Sgrùdaidh an Rìgh airson Foghlam na bhuidheann neo-eisimeilich fa-leth ro dheireadh na Dùbhlachd 2025. An-dràsta tha gnothaichean sgioba an luchd-sgrùdaidh a' tuiteam fo sgèith phlana Ghàidhlig reachdail Foghlaim Alba.
- 3.2. Bha plana na Gàidhlig fa-leth aig HMle mus tàinig a' bhuidheann Foghlam Alba gu bith ann an 2011.
- 3.3. Leis cho cudromach agus a bhios a' bhuidheann ùr seo son obair sgrùdaidh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig agus foghlaim do luchd-ionnsachaidh, tha e gu math

iomchaidh gun cùm iad orra ann a bhith a' coileanadh plana cànanain reachdail, mar a tha an-dràsta.

3.4. Airson an ceann-uidhe seo a ruighinn gu h-èifeachdach feumaidh oifigearan Bhòrd na Gàidhlig nota fios plana foirmeil a sgaoileadh air Luchd-sgrùdaidh an Rìgh cuimseach tràth ann an 2026 los gun tèid aca air plana làidir, adhartach a chur an gnìomh.

3.5. Cuideachd mar thoradh air Achd an Fhoghlaim 2025 thèid Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA) à bith ro dheireadh 2025, agus buidheann ùr, Teisteanasan Alba, a' tighinn na h-àite.

3.6. Air sgàth 's gu bheil an SQA a' cur plana reachdail an gnìomh an-dràsta, tha e cudromach gun cùm a' bhuidheann ùr a' dol leis na dleastanasan a bhios air ri linn Achd na Gàidhlig, agus a los nach tèid adhartas a rinneadh le Ùghdarras Theisteanas na h-Alba a chall.

3.7. A bharrachd air an dà bhuidheann foghlaim chudromach seo, tha oifigear na buidhne ùire Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba air coinneachadh le Manaidsear Ghnìomhan Reachdail BnG gus dèanamh cinnteach gum bi iad agus Riaghaltas na h-Alba ann an gèilleadh ris an Achd air sàilleabh a' ghealltanais reachdail a th' aig an riaghaltas gum bi Tèarainteachd Shòisealta na h-Alba ag ullachadh plana reachdail.

3.8. Feumar nota fios plana foirmeil a sgaoileadh air a' bhuidheann seo a dh'aithghearr gus a thoirt a-steach don phròiseas reachdail.

4. Moladh

4.1. Gun toir buill a' chomataidh fa-near don fhiosrachadh gu h-uasail, agus gun aontaich an Comataidh cead a thoirt do sgioba phlanaichean reachdail na trì buidhnean seo a thoirt a-steach don phròiseas reachdail gu foirmeil.

5. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

5.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh ann.

5.2. Buidhean air Luchd-obrach: Thèid obair son taic a chumail ris na trì buidhnean ùra a cho-roinneadh eadar an triùir oifigear phlanaichean, le stiùir is taic bhon Mhanaidsear Phlanaidh is Ghnìomhan Reachdail.

5.3. Buidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann.

5.4. Ceanglaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha Planaichean Gàidhlig reachdail bho Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha sin air aithneachadh anns a' Phlana Nàiseanta airson 2023-28 agus ann am Plana Corporra a' Bhùird.

5.5. Buaidhean air Cliù: 'S e buidhnean cudromach cliùmhor a bhios sna trì buidhnean agus bidh teachdaireachd adhartach mu àite na Gàidhlig gu nàiseanta a' tighinn ri linn nam planaichean reachdail seo.

5.6. Buaidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil buaidh ann.

5.7. Buaidhean Laghail: Tha dleastanasan air Bòrd na Gàidhlig gus pròiseas nam planaichean a ruith gu soirbheachail fo sgèith Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd nan Cànan Albannach 2025.

5.8. Buaidhean air Co-ionannachd: Ged nach eil fiosrachadh mu dheidhinn co-ionannas mar phàirt den aithisg seo, tha Bòrd na Gàidhlig a' trusadh fiosrachadh co-cheangailte ri co-ionannas gach bliadhna mar phàirt de dh'aithisgean dearcnachaidh nan ùghdarrasan.

5.9. Buaidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann.

6. Ceanglaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☒	Àrainneachd	☐
Cultar	☒	Slàinte	☐
Foghlam	☒		
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnàthach	☒		
Clann is Òigridh	☒		
Coimhearsnachdan	☒		
Bochdainn	☐		
Eadar-nàiseanta	☐		
Eaconamaidh	☐		

Pàipear 4.2



7. Cùrsa Riaghlachais

7.1. Thug an Sgioba-stiùiridh fa-near dhan phàipear seo air XX Samhain 2025.

8. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

8.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Coinneamh:	Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là:	20 Samhain 2025
Tìotal:	PGR073 E01 Plana Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall
Gnìomh a dhìth:	Ri Aontachadh
Àireamh pàipear:	4.3
Neach-labhairt:	Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh Stiùbhart Dunmore, Manaidsear Ghnìomhan Reachdail
Pàipearan-taic:	PT1 PGR073 E01 Plana Gàidhlig UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall

1. Adhbhar

- 1.1. A' sireadh aonta air plana reachdail fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

2. Cùl-fhiosrachadh/Prìomh aithris

- 2.1. Bha UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall air a stèidheachadh aig toiseach an Lùnastail 2023 às dèidh trì colaistean - UHI Innse Gall, Colaiste na Gàidhealtachd an Iar UHI is Colaiste na Gàidhealtachd a Tuath UHI - a' tighinn còmhla.
- 2.2. B' àbhaist plana Gàidhlig reachdail a bhith aig UHI Innse Gall. Bha an dàrna eagraan de phlana Gàidhlig UHI Innse Gall a' tighinn gu crìoch air 5mh den Dùbhlachd 2023. Mar sin, bha iad ag obair air an treas eagrain nuair a thàinig na trì colaistean còmhla.
- 2.3. Chruthaich UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall a' chiad eagraan (E01) den phlana Gàidhlig aca stèidhte air na prìomhachasan ro-innleachdail a chaidh aontachadh eadar an ùghdarras agus Bòrd na Gàidhlig.
- 2.4. Chaidh measadh a dhèanamh air an dreach phlana seo le oifigearan Bòrd na Gàidhlig. Thug an Sgioba-stiùiridh sùil mhionaideach air a' phlana agus mhol iad atharraichean.
- 2.5. Ghabh a' bhuidheann ris a' mhòir-chuid de na h-atharraichean ach nochd an t-ùghdarras eas-aonta a thaobh trì de na h-atharraichean a dh'iarr Bòrd na Gàidhlig.
- 2.6. Thug oifigearan a' Bhùird taic seachad far an robh soilleireachadh a barrachd a dhìth air na molaidhean agus chaidh rèiteachadh a dhèanamh orra.

3. Moladh

- 3.1. Aire a thoirt don fhiosrachadh ann am PT1.
- 3.2. Aonta a chur ris nan dreachd E01 de phlana UHI a Tuath, an Iar is Innse Gall an cois PT1.

4. Prìomh Bhuidhean Ro-innleachdach

- 4.1. Buidhean air Ionmhas: Chan eil buaidh ann
- 4.2. Buidhean air Luchd-obrach: Chan eil buaidh ann
- 4.3. Buidhean air Trèanadh: Chan eil buaidh ann
- 4.4. Ceangalaichean ri Amasan Ro-innleachadh agus Corporra: Tha am pàipear seo a' toirt taice don Chomataidh ann a bhith a' coileanadh amasan na bliadhna.
- 4.5. Buidhean air Cliù: Chan eil buaidh ann
- 4.6. Buidhean air Slàinte is Sàbhailteachd: Chan eil buaidh ann
- 4.7. Buidhean Laghail: Chan eil buaidh ann
- 4.8. Buidhean air Co-ionannachd: Chan eil buaidh ann
- 4.9. Buidhean air an Àrainneachd: Chan eil buaidh ann

5. Ceangalaichean ri Frèama-obrach Coileanadh Nàiseanta

Còraichean Daonna	☐	Clann is Òigridh	☒
Cultar	☒	Coimhearsnachdan	☒
Àrainneachd	☐	Bochdainn	☐
Slàinte	☐	Eadar-nàiseanta	☐
Foghlam	☒	Eaconomaidh	☒
Gnothachasan soirbheachail is ùr-ghnathach			
	☐		

6. Cùrsa Riaghlachais

- 6.1. Thug an Sgioba Stiùiridh fa-near don aithisg seo air 10 Samhain 2025.

7. Dearbhadh air Cuairteachadh Sgrìobhainn

- 7.1. 'S e pàipear fosgailte a tha seo.

Gaelic Language Plan

2025-2030




TABLE OF CONTENTS

FOREWORD.....	3
OVERVIEW	3
INTRODUCTION.....	4
Our commitments	5
Our priorities.....	6
Our vision.....	7
1. STRATEGIC PRIORITIES.....	11
Community	11
Education.....	13
Business & The Economy.....	16
Media, Arts, Culture & Heritage.....	17
2. CORPORATE SERVICES AIMS	19
3. LINKS TO THE NATIONAL PERFORMANCE FRAMEWORK	29
4. LINKS TO LOCAL AND REGIONAL FRAMEWORKS	30
5. PUBLICATION.....	31
6. RESOURCING THE PLAN	31
7. MONITORING THE PLAN	32
8. THE GAELIC LANGUAGE PLAN IN THE PUBLIC AUTHORITY	32
Overall responsibility for the plan	32
Day-to-day responsibility for the plan	32
Gaelic language plan implementation and monitoring group.....	33
Engaging with staff	33
Arm's length organisations and third parties	33
9. APPENDIX 1 – CONSULTATION	34

UHI North, West and Hebrides Gaelic Language Plan 2025-30

FOREWORD

As Principal and Chief Executive of UHI North, West and Hebrides, I am delighted to introduce our Gaelic Language Plan 2025-2030.

Our area has the highest density of Gaelic-speakers in Scotland and, as one of the region's largest tertiary education providers and partner in the University of the Highlands and Islands, we recognise the pivotal role we can play in promoting the importance of Gaelic not only as part of the linguistic and cultural heritage of our communities, but also as a driver of economic growth and activity.

Gaelic is a key area of specialism for UHI North, West and Hebrides that we wish to grow. The Gaelic Language Plan will therefore seek to expand our curriculum offer by securing new areas of activity and by supporting the growth of our Gaelic curriculum in the Outer Hebrides and across our operating area, thereby making a positive contribution to the UHI Gaelic Language Plan and Gaelic strategy for the Highlands and Islands region.

During the lifetime of our Gaelic Language Plan, we will endeavour to enhance the profile and status of Gaelic within our college. We will work to meet our responsibilities to our community of learners and colleagues, and to the wider communities we serve. We will seek to make an important contribution to the achievement of the aspirations and objectives set out in the National Gaelic Language Plan 2023-28 and the Gaelic Language (Scotland) Act 2005.



OVERVIEW

UHI North, West and Hebrides vested on 1st August 2023 following a merger of 3 legacy colleges, namely UHI Outer Hebrides, UHI West Highland and UHI North Highland. The UHI North, West and Hebrides Gaelic Language Plan is prepared within the framework of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005. The Gaelic Language Plan will span a five-year period from 2025 to 2030. It will seek to build on the progress made within previous plans advanced by UHI Outer Hebrides and UHI West Highland, and it will seek to promote the usage and acquisition of Gaelic throughout the entire region it serves. This Plan follows the format of the National Gaelic Language Plan 2023–28, which includes the following four themes:

1. Communities and Home
2. Media, Arts, Culture and Heritage
3. Business and the Economy
4. Education

Bòrd na Gàidhlig and UHI North, West and Hebrides have worked together to produce a set of Strategic Priorities for the development of the Plan to further grow the use of Gaelic and the learning of Gaelic.

The Strategic Priorities focus on how UHI North, West and Hebrides will progress the aims of the National Gaelic Language Plan. These are based on the overall aims of the National Gaelic Language Plan and our key duties as a college. This Gaelic Language Plan describes how each of the Strategic Priorities will be delivered, and identifies the actions required.

The Gaelic Language Plan also includes a section on Corporate Service Aims. These will be utilised with the aim of standardising and normalising key Gaelic services across the college during the lifetime of the Plan.

INTRODUCTION

According to the most recent figures from the Office for National Statistics, the percentage of people aged three and over with some Gaelic language skills was highest in the Western Isles, with 61.2% of the total population, while Highland region with 7.4% contained the second highest percentage. The college therefore recognises that Gaelic is fundamental to its ethos, to the region it serves and is a central pillar of Scotland's rich heritage, national identity and cultural life.

UHI North, West and Hebrides is a regional college of scale across the north-west Highlands and Outer Hebrides, with 9,000 students and 600 staff. UHI North, West and Hebrides will provide sustainable tertiary education, skills training, research and innovation for the communities of Lochaber, Lochalsh, Sutherland, Caithness & Easter Ross, Skye, the Inner Hebrides and the Outer Hebrides.

UHI North, West and Hebrides has a physical presence within 19 distinct communities, each serving a wide but sparsely populated area. Our communities cover an area of 12545 miles²; (almost the size of Wales), and 5357 miles (70%) of Scotland's coastline. The collective area of Lochaber, Skye, Outer Hebrides, Caithness, Sutherland, Easter Ross and Wester Ross has a population of 125,716.




Figure 1: Region and Learning Centre Locations

UHI North, West and Hebrides currently delivers a range of further and higher education Gaelic language education online and in-person, to students within the region and across Scotland. This includes the delivery of Gaelic-medium undergraduate degree programmes, being the lead college for BAH Gaelic Scotland, providing online and in-person community classes across the islands, bespoke courses developed in response to employer requirements and residentials developed in collaboration with community groups. In support of growing GME teacher training provision across the region, UHI North, West and Hebrides also delivers PGDE (English and Gaelic pathways) and are delivery partners on the BA Gaelic with Education programme.

